

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

BÒRD NA GÀIDHLIG AIG TEIS-MHEADHAN A' CHRUIÑNEACHAIDH

22 An t-Iuchar 2009

Bidh Bòrd na Gàidhlig, a' phrìomh bhuidheann poblach le uallach airson leasachadh na Gàidhlig, a' follaiseachadh na nithean as fheàrr de chultar agus leasachaidhean na Gàidhlig air an deireadh sheachdain seo ann an Dùn Èideann aig A' Chruinneachadh 2009. Bidh na tachartasan mìorbhaileach a tha an lùib a' Chruinneachaidh Chinnidhean ann am Baile an Ròid nan deagh chothrom do mhòran daoine ionnsachadh mun phàirt dheatamach a bh' aig an sinnsearan ann an cruthachadh na h-Alba ùir.

Thèid pannalan taisbeanaidh air an ùr bharantachadh fhoillseachadh cuideachd, a tha a' togail air prìomh thaobhan eachdraidh Gàidhealach agus cultar Gàidhlig leithid, fearann, muir, coimhearsnachd, ealain, foghlam agus dùthchannan ùra a' dèanamh cinnteach gum bi fàilte bhlàth ro luchd-tadhail bho thall thairis agus nas fhaisge làimh gus an ceòl agus na h-òrain Ghàidhlig as fheàrr a chluinntinn.

Bidh deagh ìre follaiseachd aig sanasachd agus aithris sa Ghàidhlig aig tachartasan a' Chruinneachaidh, agus bidh Gàidhlig sa phrògram cho math ri bhith air a taisbeanadh air na sgàileanan mòra.

Thuirteart Art MacCarraig, Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig: "Tha e glè chudromach gum bi a' Ghàidhlig san teis-mheadhan aig tachartasan cliùiteach mar An Cruinneachadh. Tha cothrom ann ruighinn a-mach gu mòran daoine bhon diaspara na Gàidhlig, a bhios ag iarraidh tuilleadh fhaighinn a-mach mun sinnsearachd agus dè tha gam fail mar a tha iad. Tha an tachartas cudromach a thaobh an tarraing co-aimsireil a tha aige agus tha sinn airson sealltainn gu mòr do gach neach mar a tha àite aig a' Ghàidhlig san t-saoghal nua-aimsireil. Tha ar dearbh-aithne gun choimeas a' deàlradh troimhe le comas soilleireachadh a chur air an àm a chaidh seachad, ach aig an aon àm gar giùlain air adhart gu bliadhnaichean ri teachd a bhios fìor bhrosnachail."

Tha baile Gàidhlig (Ar Baile) air a stèidheachadh ann an dà phàilleann mhòr an taobh a-staigh fearann Pàirc an Ròid. Gheibh luchd-tadhail cothrom air measgachadh de thaisbeanaidhean a tha a' gabhail a-steach Clò Hearach, mòr-thaisbeanaidhean cànan is cultair agus fèistean cultarach. Thathar cinnteach gum bi còmhradhean Disathairne mu mhothachadh don Ghàidhlig le Ruairidh MacIIEathain à Inbhir Nis, anabarrach tarraingeach dhaibhsan a tha airson an cuid fiosrachaidh a leudachadh mun àite a th' aig Gàidhlig ann an Alba anns an latha an-diugh.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Tha am prògram cultarach air a dheasachadh le Cairistiona Cheanadach às leth Bòrd na Gàidhlig. Thuirt i: “ ‘S e cothrom mìorbhaileach a tha seo do luchd-tadhail bho thìrean cèine agus cuideachd do dhaoine bho air feadh Alba a thighinn a dh’fhaicinn beòthalachd na coimhearsnachd Ghàidhlig. Tha sinn air measgachadh iongantach den riochdachadh as nua-aimsireile de ar cultar agus de ar n-aoigheachd a thoirt còmhla, a thuilleadh air cuideachadh bho dhaoine leithid Bill Lawson aig a bheil cliù air feadh an t-saoghail na chuspair fhèin. Bidh an Dealbhaiche Albannach, Sandra Mhoireach MBE, a’ taisbeanadh pìos ùr airson Bliadhna Tilleadh Dhachaigh air a dhèanamh ann an Tartan ùr Chaladòinia le Loch Carrann Alba, den deach dealbh a thogail nas tràithe an t-seachdain seo aig Caisteal Dhùn Èideann air Katherine NicIleDhuinn, a tha gu làithreach na Bean-Uasal na h-Alba. Cuideachd air a thaisbeanadh, tha dealbh den trusgan Gàidhealach 2007 aig Sandra, a chaidh a pheantadh le neach-ealain à Glaschu, Eilidh NicUilleam. Tha mi cinnteach gum bi gach neach air cluaineas, a’ gabhail pàirt ann am fearas-chuideachd agus nas fhiosraichte mar thoradh air na tha sinn air a chur ri chèile.”

Disathairne bho 1000-1130m, bidh Ar Baile a’ nochdadh cuid den luchd-ciùil as cliùitiche air a’ Ghàidhealtachd a’ gabhail a-steach Art MacCarraig, Cairistiona Cheanadach, Iain “Costello” MacIomhair, Iain Moireach, Calum Màrtainn, Darren MacIleEathain, Kirsteen Dhòmhnallach, Calum Ailig Mac a’ Mhaoilein, Caitriona J Mhàrtainn agus Iain Aonghas MacLeòid.

Bidh Anna NicSuain à Leòdhas a’ dèanamh taisbeanadh air Eachdraidh Leasachadh Ionadail sna h-Eileanan an Iar. Bidh Còisir Ghàidhlig Lodainn agus Còmhlan Luaidh Bhàideanach an uair sin a’ gabhail an àrd-ùrlar le tuilleadh fèisteis bho na seinneadairean agus an luchd-ciùil air an àrd-ùrlar Fhuaimneach bho 1430–1600.

An uair sin, bheir an t-eòlaiche sloinntearachd Bill Lawson, aig a bheil cliù air feadh an t-saoghail taisbeanadh seachad air eilthireachd bho na h-Eileanan Siar agus bidh cothrom eile ann an clò a luadh le Còmhlan Luaidh Bhàideanach. Bheir Còisir Ghàidhlig Lodainn a’ chuir gu crìch mu 1700.

Bidh raon de bhuidhnean Gàidhlig eile air an riochdachadh ann Ar Baile, a’ gabhail a-steach An Comunn Gaidhealach, Ulpan, Comann an Luchd-ionnsachaidh, Comhairle nan Leabhraichean, mygaelic.com, Cearcall na Gàidhlig agus bidh stuth fiosrachaidh ri fhaotainn bho bhuidhnean Gàidhlig eile.

Bidh Ùghdarras a’ Chlò Hearaich còmhla ri Lorna NicAmhlaigh agus an dealbhaiche Anna NicCaluim a’ taisbeanadh taghadh de na dealbhaidhean as ùire ann an aodach, boltaichean beaga aodaich, cuiseanan agus bathar grinn eile a tha rim faotainn bho dhiofar àiteachan reic.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Cuideachd, bidh sgàilean plasma a' sealltainn “Bhon talamh thig an t-aodach” – taisbeanadh àlainn dhealbhan air an togail de na daoine, na modhan obrach agus na cruthan tìre a tha a' misneachadh a' Chlò Hearaich.

Aig 1030–1200 Didòmhnaich bidh taisbeanadh den shailm Ghàidhlig traidiseanta no “cur a-mach na loidhne” a thuilleadh air geàrr-chunntas air eachdraidh agus a mheasalachd san latha an-diugh. Bidh Calum agus CJ Màrtainn agus Cairistiona Cheanadach a' stiùireadh an t-seisein a thuilleadh air seinn fa leth de laoidhean Gàidhlig.

Aig meadhan-latha bidh Aonghas Dubh MacNeacail, Bàrd nan iomadh duaisean, a' toirt seachad a smuaintean le taisbeanadh fon tiotal “Tha a' chagailt sa chridhe” ‘S e taisbeanadh deatamach a tha seo dhaibhsan aig a bheil smuaintean air an dachaigh, ge 'r bith càite a bheil sin.

Gabhaidh an luchd-togail fuinn Gàidhlig an t-àrd-ùrlar a-rithist aig 1400 agus bidh Aonghas Dubh MacNeacail a' toirt cuireadh do gach neach a bhith na chuideachd aig a' chagailt a-rithist aig 1600.

BÒRD NA GÀIDHLIG

An t-Àrd-ùrlar Fuaimneach

Disathairne 25mh Iuchair

Prògram

12 – 1F AGUS 5-6F

Arthur Cormack

Kristine Kennedy

Iain “Costello” MacIver } New Tradition

John Murray }

Calum Martin

Darren MacLean

Kirsteen MacDonald

Calum Alex MacMillan

Catherine J Martin

Iain Angus MacLeod

Art MacCarraig

Cairistiona Cheanadach

Iain MacIomhair

Iain Moireach

Calum Màrtainn

Darren MacIleathainn

Kirsteen Dhòmhnallach

Calum Ailig Mac a' Mhaoilein

Catriona J Mhàrtainn

Iain Aonghas MacLeòid

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu shusbaint an fhios-naidhweachd seo, cuiribh fios gu Uisdean MacIlinnein air 0751 528 7040.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



BÒRD NA GÀIDHLIG TAKES CENTRE STAGE AT THE GATHERING

21 July 2009

Bòrd na Gàidhlig, the principle public agency with responsibility for developing Gaelic, will be showcasing the best of Gaelic culture and developments this weekend in Edinburgh at The Gathering 2009. The spectacular Clan Gathering events in Holyrood will be an ideal opportunity for many people to learn about their forebears' part in the making of the new Scotland.

A series of newly commissioned display panels highlighting key aspects of Highland history and Gaelic culture, such as land, sea, community, arts, education and new lands, will ensure a warm welcome for visitors from overseas and those closer to home to experience the best of Gaelic music and song.

Gaelic signage and Gaelic commentary will have a high profile during all of the Gathering events, and will feature in the programming as well as on the large screen displays.

Arthur Cormack, Chair of Bòrd na Gàidhlig said: "It is very important that Gaelic be centre stage at a high profile event such as the Gathering. There is a chance to reach out to many people from the Gaelic diaspora who will be keen to find out more about where they came from and what makes them who they are. The event is also important for its contemporary appeal as well however and we are keen to show everyone how Gaelic has a place in the modern world. Our unique identity shines through and can illuminate so much of the past whilst taking us forward into an exciting future."

A Gaelic Village (Ar Baile) has been set in two large marquees within the grounds of Holyrood Park. Visitors will be treated to a variety of exhibitions including Harris Tweed, language and heritage showcases and cultural entertainment. Talks on Gaelic awareness delivered by Roddy MacLean of Inverness on Saturday are sure to be a highlight for those wanting to expand their knowledge of the place Gaelic has in modern Scotland.

The cultural programme has been planned by Kristine Kennedy on behalf of Bòrd na Gàidhlig. She said: "This is a wonderful opportunity for visitors from overseas and also from people throughout Scotland to come and see the vibrancy of the Gaelic community. We have brought together a fantastic mix of the most modern representations of our culture and entertainment along with tremendous contributions from people like Bill Lawson who is simply world-class in his field. Scottish Designer Sandra Murray MBE will be presenting a new piece for Year of the Homecoming made in Modern Caledonia Tartan by Lochcarron of Scotland and photographed earlier this week at Edinburgh Castle on Katherine Brown, the current Miss Scotland. Also exhibited is a painting of Sandra's

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Highland 2007 outfit, by Glasgow artist Helen Wilson. I am sure that everyone will be intrigued, entertained and better informed by what we have assembled.”

On Saturday from 1000-1130, Ar Baile will feature some of Gaeldom’s leading entertainers including Arthur Cormack, Kristine Kennedy, Iain “Costello” MacIver, John Murray, Calum Martin, Darren MacLean, Kirsteen MacDonald, Calum Alex MacMillan, Catherine J Martin and Iain Angus MacLeod.

Annie MacSween from Lewis will then give a presentation on Local Development History in the Western Isles. Lothian Gaelic choir, (Còisir Ghàidhlig Lodainn) and Còmhlán Luadh Bhàideanach, (the Badenoch Waulking group) will then be the main attraction with further entertainment from the signers and musicians from the Acoustic stage from 1430–1600. World renowned genealogy expert Bill Lawson will then give a presentation on emigration from the Western Isles and there will be another opportunity to waulk the tweed with Còmhlán Luadh Bhàideanach. Lothian Gaelic Choir will bring the proceedings to a close around 1700.

A range of other Gaelic organisations will be represented in Ar Baile including An Comunn Gaidhealach, Ulpan, Comann Luchd-ionnsachaidh, Comhairle nan Leabhraichean, mygaelic.com, Cearcall na Gàidhlig, and information material is also being provided by other Gaelic organisations.

The Harris Tweed Authority with Lorna MacAulay and designer Anne MacCallum will exhibit a selection of some of the latest designs in clothes, small bolts of fabric, cushions and other finished goods that are available from various different outlets.

A plasma screen will also feature “From the land comes the cloth” – a stunning photographic presentation of the people, the processes, and the landscapes which inspire Harris Tweed.

On Sunday at 1030–1200 there will be a demonstration of the traditional Gaelic Psalm precenting or “lining out” as well as a short summary of its origins and present day popularity. Calum and CJ Martin and Kristine Kennedy will lead this session as well as individual performances of Gaelic gospel songs.

At mid-day, Aonghas Dubh MacNeacail, award winning Bàrd will share his thoughts with his presentation entitled “ Tha a’chagailt ‘s a’ chridhe “ - *The hearth is in the heart*. This is a must for all those with thoughts of home, wherever that might be.

The Gaelic precentors will take the stage again at 1400 and Aonghas Dubh MacNeacail will again invite everyone to join him at the hearth at 1600.

BORD NA GAIDHLIG

Acoustic Stage

Saturday 25th July

Programme

12 – 1PM AGUS 5-6PM

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Arthur Cormack
Kristine Kennedy
Iain “Costello” MacIver } New Tradition
John Murray }
Calum Martin
Darren MacLean
Kirsteen MacDonald
Calum Alex MacMillan
a’Mhaoilean
Catherine J Martin
Iain Angus MacLeod

Art MacCarraig
Cairistiona Cheanadach
Iain Maclomhair
Iain Moireach
Calum Màrtainn
Darren MacIleathainn
Kirsteen Dhòmhnaillach
Calum Alaig Mac

Catriona J Mhàrtainn
Iain Aonghas MacLeòid

For further information on the contents of this news release, please contact Hugh Dan MacLennan on 0751 528 7040.